

Tha an reachdas as adhartaiiche san Roinn Eòrpa a thaobh cead a-muigh a-nis a' buntainn ri Alba. Ach cia mheud duine a tha mothachail air na còraichean agus na dleastanasan a tha na lùib?

An aithne dhut an 'Còd'?



Tha fada a bharrachd chòraichean inntridh a-nis aig poball na h-Alba na ann an àite sam bith eile san RA. Tha seo air sgàth Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2003 a thug cead inntridh dhan chuid as motha air an fhearann agus air uisge a-staigh air an dùthaich.

Thàinig an reachdas ùr seo am bith an dèidh bhliadhnachan mòra de throimh-a-chèile agus de dheasbad mu chead faighinn air an dùthaich. Ach rinn an Achd gu math follaiseach gu bheil a' chòir an crochadh air daoine a bhith gan giùlan fhèin gu dòigheil.

Airson tighinn gu aonta a thaobh dè tha ann an giùlan dòigheil, chaidh iarraidh air SNH plana a dhèanamh airson Còd Inntridh Blàr A-muigh na h-Alba.

“Chaidh iarraidh cuideachd air SNH an Còd fhollaiseachadh agus tuigse air a bhrosnachadh,” thuirt Dougie Pollock, Manaidsear Ro-innleachd & Conaltraidh SNH. B' esan a bha os cionn iomairt follaiseachaidh a' Chòd on chiad dol-a-mach.

Dh'obraich sinn còmhla ri co-chomhairlichean gus dòigh iomraiteach fhaotainn airson an Còd a chur air bhog. Bha e stèidhte air 'solais trafaig fhuadain' a bhith air an dùthaich. B' e amas nan solas gu bheil àm ann airson 'falbh' agus àm airson 'stad agus smaoinich.' Chuireadh taic ris an sin le abairt gus daoine a mhisneachadh gus eòlas a bhith aca air 'Fios mun Chòd mus falbh thu.'"

Chleachd sinn an aon dòigh air sanasachd air an telebhisean, air an rèidio, agus anns na pàipearan-naidheachd a bharrachd air irisean. Chùm sinn cuideachd tachartasan agus bùithtean-obrach trèanaidh gus mothachadh agus tuigse mun chòd a thogail am measg dhaoine agus airson gun toir iad sin an teachdaireachd do dhaoine eile.

Ann an 2003/04 sheall rannsachadh nach robh fios aig 80% dhen t-sluagh mun Chòd. Ach bha a' chùis a cheart aghaidh sin as t-earrach am-bliadhna. Bha 67% dhen t-sluagh air cluinntinn mun Chòd agus bha 94% de mhanaidsearan fearainn (aon dhe na prìomh thargaidean) mothachail air.

Mothachadh mòr

“Sin an ìre as motha de mhothachadh a fhuair sinn fhathast,” thuirt Dougie, “agus tha e math gu bheil uiread dhen t-sluagh a-nis mothachail air a' Chòd. Bha pàirt mòr aig na sanasan air TBh air daoine a dhèanamh mothachail air. Agus sgaoil sinn 40,000 lethbhreac dhen Chòd shlàn agus 750,000 lethbhreac de bhileagan le geàrr-iomradh bho 2005.”

Sheall rannsachadh cuideachd gun robh daoine air am beachd agus an giùlan atharrachadh. Tha barrachd dhiubhsan a tha a' cleachdadh an fhearainn airson cur-seachad a-nis dhen bheachd gu bheil modh-obrach nas fheàrr aig uachdarain/manaidsearan fearainn a thaobh dleastanas inntridh. Cuideachd tha barrachd uachdarain/manaidsearan fearainn dhen bheachd gu bheil daoine a tha a' dol thar an fhearainn aca nas mothachaile air an dleastanasan fhèin.

Cuideachd chan eil uiread de dhuilgheadasan air a bhith aig luchd-cur-seachad no aig uachdarain/manaidsearan fearainn, agus chan eil buidheann seach buidheann ag ràdh gun robh duilgheadas sam bith aca a thaobh inntridh. Bha uallach air manaidsearan fearainn an toiseach gun deaghadh bacadh a chur air an obair aca ach tha iad ag ràdh nach do thachair sin idir.

“Rud intinneach eile a nochd bho rannsachadh o chionn ghoirid agus 's e sin na tha de luchd-cur-seachad ag ràdh gu bheil iad 'glè chofhurtail' nuair a tha iad air an dùthaich,” thuirt Dougie. “Chaidh e suas bho 63% gu 72%. Mar sin bidh e coltach gu bheil cuid dhe na nithean a bha a' dèanamh dragh do dhaoine roimhe a-nis air tòiseachadh a' sioladh às.

“Chan eil duine ag ràdh gun deach a h-uile duilgheadas à sealladh. Tha fios againn uile gu bheil àitichean ann fhathast far a bheil duilgheadas le campachadh mi-shòisealta agus coin nach eil fo smachd. Ach tha coltas gu bheil barrachd tuigse air gach taobh agus gu bheil iad deònach toirt air an reachdas ùr obrachadh.”

